

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Mo Rùn Geal Dileas

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,398. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,094 corresponds to Litir 1,398. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Cha tàinig tràigh gun mhuir-làn na dèidh. 'S e sin seanfhacal. Bidh sibh eòlach air an fhacal *tràigh*, a' ciallachadh '*beach, seashore*'. Tha i air a cleachdadh gu sònraichte airson tràigh-ghainmhich '*a sandy beach*'.

Ach tha *tràigh* stèidhichte air *tràgh* no *traogh* a tha a' ciallachadh '*ebbing, emptying, draining*'. Nuair a tha a' mhuir air tràghadh, dè tha air fhàgail ach *tràigh*. Tha tràigh mhòr ann '*there is a big ebb*'.

Air ais don t-seanfhacal, ma-thà. *Cha tàinig tràigh gun mhuir-làn na dèidh*. Tha e a' ciallachadh, '*there was never an ebb that wasn't followed by a high tide*'. Ma tha cùisean air a dhol ìosal agaibh, na gabhaibh dragh – thig piseach orra.

Tha an seanfhacal seo a' nochdadh anns an òran 'Mo Rùn Geal Dileas'. 'S e òran gaoil a th' ann. Ged a tha e sean, bidh e air a sheinn gu tric fhathast, gu h-àraidh le còisirean. Seo an t-sèist:

*Mo rùn geal, dileas, dileas, dileas,
Mo rùn geal dileas, nach till thu nall?
Cha till mi fhèin riut, a ghaoil, chan fhaod mi,
'S ann tha mi, ghaoil, na mo laighe tinn.*

Obh obh, tha e a' coimhead coltach gun robh am fear a sgrìobh e ann an trom-ghaol le boireannach, agus nach robh slighe a ghaoil rèidh.

Thig mi don ùghdar fhathast. Ach, an toiseach, dè tha an t-òran ag ràdh mu dheidhinn? Uill, tha fios againn **gun robh e thall anns na h-Innsean a' fuireach**. Seo an treas rann dhen òran:

*Thug mi còrr agus naoi mìosan
Anns na h-Innsean a b' fhaide thall:
'S bean bòidhchead d' aodainn cha robh ri fhaotainn
'S ged gheibhinn saoghal, chan fhanainn ann.*

Ghabh an t-ùghdar trom-ghaol air cuspair a dhàin. Ach feumaidh nach robh cùisean a' dol gu math agus dh'fhàg sin inntinn trom. Seo an còigeamh rann:

*Thug mi mìos ann am fiabhras claidhte,
Gun dùil rium oidhche gum bithinn beò:
B' e fàth mo smaointean a latha 's a dh'oidhche,
Gum faighinn faothachadh 's tu bhith 'm chòir.*

Cò às a bha an t-ùghdar? Cha robh e a' fuireach ann an Ìle oir sin far an robh a leannan a' fuireach. Seo mar a tha sin a' tighinn am bàrr anns an dàn:

*Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn
A shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn:
Is bheirinn sgrìobag don eilean Ìleach
Far bheil an ribhinn dh'fhàg m' inntinn trom.*

Thathar a' smaoinichadh gun robh an t-òran air a sgrìobhadh le Iain MacIlleathain, fear-taca an Torr Loisgte ann am Muile. Thachair e ri tè òg, Iseabail Chaimbeul, à Bail' an Àbaidh ann an Ìle, agus bha e ag iarraidh a pòsadh. Cha robh i deònach freagairt a thoirt dha sa mhionaid. Agus 's e sin a thug air falbh a-null thairis.

Anns an t-siathamh rann, tha e a' coimhead coltach gu bheil e air gabhail ris nach biodh iad a' pòsadh a chèile, ged a chì sinn anns an ath Litir, nach e sin am facal mu dheireadh air a' chùis.

*Cha bhi mi strì ris a' chraoibh nach lùb leam,
Ged chinneadh ùbhlan air bhàrr gach geug;
Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail,
Cha tàinig tràigh gun mhuir-làn na dèidh.*

* * * * *

Faclan na Litreach: Mo Rùn Geal Dileas: *my faithful fair one*; òran gaoil: *a love song*; fàth mo smaointean: *the object of my thoughts*; Ìle: *Islay*; sgrìobag: *journey*; An Torr Loisgte: *Torloisk*; Bail' an Àbaidh: *Ballinaby*.

Abairtean na Litreach: Nuair a tha a' mhuir air tràghadh: *when the sea has ebbed*; thig piseach orra: *they will get better*; tha e air a sheinn gu tric fhathast, gu h-àraidh le còisirean: *it is still sung, particularly by choirs*; obh obh, tha e a' coimhead coltach gun robh am fear a sgrìobh e ann an trom-ghaol: *oh dear, it appears that the man who wrote it was deeply in love*; nach robh slighe a ghaoil rèidh: *that the path of his love was not smooth*; bean bòidhchead d' aodainn cha robh ri fhaotainn: *a woman of the beauty of your face could not be found*; ged gheibhinn saoghal, chan fhanainn ann: *even if I should have a lifetime, I would not remain there*; thug mi mìos ann am fiabhras claoidhte: *I spent a month exhausted with fever*; gun dùil rium oidhche gum bithinn beò: *that one night I did not expect to survive*; gum faighinn faothachadh 's tu bhith 'm chòir: *that I would be relieved if you were with me*; is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn: *it's a pity I wasn't in the form of a seagull*; a shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn: *that would swim lightly on the tops of the waves*; an ribhinn dh'fhàg m' inntinn trom: *the maid that has left my mind heavy*; gu bheil e air gabhail ris: *that he has accepted*; cha bhi mi strì ris a' chraoibh nach lùb leam: *I won't tussle with the tree that will not bend with me*; ged chinneadh ùbhlan air bhàrr gach geug: *even though apples would grow on the end of each branch*.

Puing-chànain na Litreach: tha fios againn gun robh e thall anns na h-Innsean a' fuireach: *we know that he was living over in the Indies*. The standard word order would be 'gun robh e a' fuireach thall anns na h-Innsean' but note that colloquially, in an informal situation, we can put the verbal noun (e.g. a' fuireach) at the end of the clause.

Seanfhacal na Litreach: Cha tàinig tràigh gun mhuir-làn na dèidh: *there was never an ebb that wasn't followed by a high tide*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA